

Tuairisgeul-obrach agus Sònrachadh Pearsa

Tìotal-obrach: Oifigear Leasachaidh Gàidhlig

Uairean: 15 uair san t-seachdain

Tuarastal: £28,600 pro rata (0.4 pro rata)

Faid a' chùmhaint: 18 mìosan

Àite: Obair bhon taigh

A' freagairt ri: Manaidsear Leasachaidh

Cùl-fiosrachaidh

Bidh an t-Oifigear Leasachaidh ag obair airson Fearann Coimhearsnachd na h-Alba is a' libhrigeadh pròiseact com-pàirteachais eadar Bòrd na Gàidhlig is Fearann Coimhearsnachd na h-Alba,

'S e Fearann Coimhearsnachd na h-Alba a' bhuidheann a tha a' riochdachadh uachdarain-fearainn coimhearsnachd ann an Alba. Tha ro-shealladh aige airson sealbh coimhearsnachd air fearann is togalaichean a bhith na bhuannachd sònraichte airson leasachadh seasmhach air feadh na h-Alba.

Tha e ag obair gus a bhith: na ghuth airson uachdarain-fearainn coimhearsnachd; a' brosnachadh barrachd seilbh coimhearsnachd air fearann is togalaichean; a' brosnachadh taic is a' co-roinn eòlas eadar uachdarain-fearainn coimhearsnachd agus gus co-obrachadh le buidhnean eile gus am faigh uachdarain-fearainn coimhearsnachd an taic a tha a dhìth orra.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig: www.communitylandscotland.org.uk

'S e Bòrd na Gàidhlig a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba le dleastanas airson leasachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, is seo a' gabhail a-staigh toirt seachad comhairle do Mhinistearan na h-Alba air gnothaichean Gàidhlig.

'S e amas na buidhne gum bi Gàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gach latha ann an Alba, agus gus am bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha ann an Alba agus mar bhuannachd chultarach is eaconamach gu nàiseanta.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig: <https://www.gaidhlig.scot/ga/>

Iomradh air an dreuchd

'S e dreuchd ùr is inntinneach a th' ann an seo ann a bhith libhrigeadh pròiseact pileat le urrasan fearainn coimhearsnachd is urrasan dualchais coimhearsnachd gus cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, san dachaigh is sa choimhearsnachd a bhrosnachadh. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig ag obair le urrasan ann an Innse Gall is eileanan ann an

sgìrean chomhairle na Gàidhealtachd is Earra-Ghàidheal is Bhòid. Bidh am pròiseact seo a' cruthachadh is a' làimhseachadh prògram maoinachaidh is ag obair gu dlùth ri urrasan tron pròiseas iarrais is libhrigidh.

Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Gàidhlig cuideachd a' cur taic ri Fearann Coimhearsnachd na h-Alba gus cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh tron roinn fearann coimhearsnachd agus airson cothroman nochdadh far am faodar ceanglaichean cultarail eadar a' Ghàidhlig is seilbh coimhearsnachd air fearann a bhrosnachadh.

Bidh an neach san dreuchd mar phàirt den sgioba bheag, sgapte aig Fearann Coimhearsnachd na h-Alba. Bidh siubhal agus obair air an oidhche is deireadh-seachdain mar phàirt den dreuchd bho àm gu àm.

Tagraidhean

Bu chòir tagraichean am foirm-tagraidh againn a lìonadh is a chur air ais gu:

kerrie.reid@communitylandscotland ro 5f air 3 Cèitean 2021. Ma tha ceistean sam bith agad air an dreuchd no pròiseas tagraidh nach cuir thu fios gu Lindsay Chalmers aig:

lindsay.chalmers@communitylandscotland.org.uk no 07884 314297

Tuairisgeul-obrach

Bidh na dleastanasan seo mar phàirt den dreuchd:

Raon-obrach	Prìomh dhleastanasan
A' cruthachadh is a' ruith prògram pileat	<ul style="list-style-type: none">• A' cur taic ri ullachadh a' phròiseis tagraidh• A' cruthachadh stuthan fiosrachaidh is am prògram a mhargaidheachd• A' cur taic ri urrasan ron agus tron phròiseas tagraidh• A' rianachd measadh air na tagraichean• Ag ullachadh thagraidhean airson a' phannail• Ag obair leis na tagraidhean soirbheachail gus ionnsachadh sònraichte a thogail. Bidh trusadh aithisgean bho bhuidhnean a fhuair taic mar phàirt de seo.• A' togail cheanglaichean le buidhnean eile a dh' fhaodadh taic is eòlas fhaighinn bhon phrògram• A' sgaoileadh fiosrachadh air soirbheachas air meadhanan sòisealta Fearann Coimhearsnachd na h-Alba agus tro bhrathan-naidheachd• Ma tha am pileat soirbheachail, ag obair a dh' ionnsaigh prògram a chruthachadh airson an àm ri teachd
A' cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig tro roinn fearann coimhearsnachd	<ul style="list-style-type: none">• Bidh an t-Oifigear Leasachaidh a' nochdadh is a' libhrigeadh chothroman gus taic a chumail ri ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig san roinn fearainn coimhearsnachd

	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh an t-Oifigear Leasachaidh a’ cuideachadh Fearann Coimhearsnachd na h-Alba gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig sa chonaltradh aige
Eile	<ul style="list-style-type: none"> • Gnìomhan sam bith eile mar a dh’iarras Fearann Coimhearsnachd na h-Alba

Sònrachadh Pearsa

Prìomh slat-tomhais	Riatanach	Nam buannachd
Eòlas	<ul style="list-style-type: none"> • Fileantas labhairteach is sgrìobhte sa Ghàidhlig • Mothachadh air modhan-obrach ionadail is nàiseanta air leasachadh na Gàidhlig mar a tha air ainmeachadh sa Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig • Eòlas ann an dreuchd a tha cur taic ri ionnsachadh no cleachdadh na Gàidhlig • Eòlas ann a bhith cruthachadh stuthan sgrìobhte sa Ghàidhlig agus sa Bheurla 	<ul style="list-style-type: none"> • Eòlas ann a bhith ag obair le urrasan coimhearsnachd (ann an dreuchd no gu saor-thoileach) • Eòlas air prògraman maoineachaidh no taic a ruith • Eòlas air obair le com-pàirtichean air an taobh-a-muigh
Fearthan pearsanta	<ul style="list-style-type: none"> • Dealas airson modhan-obrach air an stiùireadh leis a’ choimhearsnachd • Deagh sgilean eadar-phearsanta is conaltraidh • Deagh sgilean teicneòlas fiosrachadh • Comas ionnsachadh gu luath is eòlas a cho-roinn gu h-èifeachdach • Math air a bhith eagraichte • Comasach air fèin-bhrosnachadh is air a bhith obair aig astar bho mhanaidsear-sreatha agus ann an sgioba beag • Sùbailteachd 	
Eile	<ul style="list-style-type: none"> • Dh’fhaodadh siubhal is frithealadh choinneamhan taobh a-muigh uairean oifis àbhaisteach a bhith mar phàirt den dreuchd 	Cead-draibhidh is car ri chleachdadh